



## Tiotal: Mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith

## Pàirt 2: Na dh'fheumas bùibidhean airson a bhith fallain, sàbhailte agus toilichte

Ìre: A' CHIAD

### Ceanglan CfE

| Eòlasan/Builean  | Slatan-tomhais   |
|--|--|
| Tha mi mothachail air mo chorpa' fàs agus tha mi ag ionnsachadh nan ainmean ceart airson nan diofar phàirtean agus mar a tha iad ag obair. HWB1-47b<br>Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 1-50a | <ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh nam faclan cearta airson na pàirtean bodhaig agus na tha iad a' dèanamh, me, machlag, clach-bhalg, ughagan, faighean.</li><li>Ag aithneachadh na tha a dhìth beathaichean, planntaichean agus daoine airson fàs agus tighinn air adhart.</li></ul> |

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann dè na feumalachdan a th' aig bùibidh agus mar a thathar a' coimhead às an dèidh.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh mìneachadh mar tha beatha neach a' tòiseachadh, dè th' ann an leatromachd agus mar a tha bùibidh ga bhreith.
- Tha fios agus tuigse agam air agus 's urrainn dhomh bruidhinn air na feumalachdan bunaiteach a th' aig bùibidh, mar eisimpleir biathadh, glanadh, aodach glan, cudailean agus cadal.
- 'S urrainn dhomh cuid de na sgilean bhunaiteach a tha a dhìth airson coimhead às deidh bùibidh a shealltainn.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Filmichean mu bhiathadh air a' bhroilleach <https://www.babycentre.co.uk/v25007241/how-to-get-a-comfy-attachmentvideo> (bho babycentre.co.uk faid 2 mhion.) NO How to breastfeed bho Parents magazine (2 mhion. 12) : [https://youtu.be/qzSB\\_4rOIJU](https://youtu.be/qzSB_4rOIJU)
- Film: 24 hours with a new born baby (faid 3 mion. 33) <https://youtu.be/m9QndNXcnCU>
- Bùibidhean/Doileagan le stuthan mar badain, aodach, plaideachan, creathall, botal.

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Theirig air ais thairis air an leasan mu dheireadh far an robh a' chlann ag ionnsachadh mu: Mar tha bëibidhean air an dèanamh; Mar a tha bëibidh a' fàs sa mhachlaig tro leatromachd; Mar a tha bëibidh ga bhreith.
2. Inns gum bi a' chlann ag ionnsachadh na leanas san leasan seo: Na dh'fheumas bëibidh às dèidh dha bhith air a bhreith agus tighinn dhachaigh, gum bi iad a' coimhead air na dh'fheumas bëibidh airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte.
3. **A' dèanamh deiseil airson bëibidh:** larr air a' chlann obrachadh ann an triùirean agus thoir duilleag pàipeir do gach buidheann. Inns dhaibh gu bheil aca ri cur an ìre gu bheil iad a' dèanamh deiseil airson bëibidh ùr a' tighinn. Iarr orra smaoineachadh air na bhiodh a dhìth air bëibidh ùr. Iarr orra obrachadh còmhla ris na buidhnean aca 's liosta a dhèanamh de na rudan a dh'fheumas bëibidh, agus de na rudan a dh'fheumas teaghach a dhèanamh airson a bhith deiseil airson a' bhèibidh. Às dèidh greiseag, till a' bhuidheann air ais còmhla agus thoiribh fios air ais dha chèile. Èist ris na beachdan aca air na dh'fheumas bëibidh agus air na dh'fheumas teaghach a dhèanamh.
4. **Breastfeeding.** An do bhruiddhinn a' chlann mu bhiathadh? Bidh eòlas aig feedhainn air beathachadh air a' chìch ma tha bëibidh san teaghach aca, 's dòcha gu bheil fios aca gun deach iadsan a bhiathadh mar seo. Dh'fhaodadh sibh coimhead air fear de na filmichean seo, gun fhuaim ma thogras sibh, airson greiseag a chur seachad a' bruidhinn air beathachadh air a' chìoch. Filmichean mu bheatheachadh air a' chìoch <https://www.babycentre.co.uk/v25007241/how-to-get-a-comfy-attachmentvideo> (bho babycentre.co.uk faid 2 mhion.) NO How to breastfeed bho Parents magazine (2 mhion. 12) : [https://youtu.be/qzSB\\_4rOIJU](https://youtu.be/qzSB_4rOIJU)

**Bëibidhean sa chlas!** Thoir grunn dhoileagan a-steach dhan chlas airson a' ghniomh seo. Iarr orra cur an ìre gu bheil na bëibidhean seo air tighinn dhan teaghach aca. Bidh plaideachan, aodaichean agus creathaill a dhìth. Cuir na doileagan ann am meadhan a' clearcaill gun aodach no uidheam sam bith eile, agus inns dhan chlas gur e seo bëibidh (no bëibidhean) a' chlas airson an latha. Bidh aig a' chlas ri coimhead às an dèidh agus ionnsachadh mu na dh'fheumas bëibidh. Cuir cuideam air mar a dh'fheumas iad a bhith socair agus gun a bhith a' làimhseachadh a' bhèibidh ann an dòigh churs.

- Cuir an cuimhne nan sgoilearan nach eil am bëibidh ach air tighinn a-mach às machlag a mhàthar agus gu bheil an saoghal gu math eadar-dhealaichte bhon àite bhlàth, theann san robh e.
- Dè an t-ainm/na h-ainmean a tha gus a bhith air a' bhèibidh/na bëibidhean?
- Faighnich dhan chloinn ciamar a bu chòir dha na bëibidhean aca a bhith (fear mu seach/ceist air slàghd): Fallain? Toilichte? Sàbhailte? (A' coimhead air ais air a' chòmhradh a bh' agaibh na bu tràithe far a bheil sin cuideachail)

An uair sin bruidhinn ris a' chloinn mu na feumalachdan bunaiteach a th' aig bëibidh, agus nas urrainn dhan chloinn a dhèanamh gus an coileanadh – a' cleachdadhan stuthan càraim mar a tha thu a' dol air adhart.

- Dè dh'fheumas bëibidh a chur air gun fhios nach mùin e no gun salaich e? (Cuir badan air)
- Saoilidh mi gu bheil am bëibidh caran fuar, dè nì sinn? (Feumach air aodach, plaideachan – iarr air a' chloinn na props a chleachdadhan)

- Saoilidh mi gu bheil acras air a' bhèibidh – ciamar a bhiodh fios againn? A' rànaich? Tha e feumach air biadh. Mìnich gum bi cuid de bhèibidhean a' faighinn bainne cìche bhom màthair (Tha seo math oir...), bidh feedhainn a' faighinn botal's bidh feedhainn a' faighinn measgachadh dhen dà chuid. An robh iadsan air am biathadh air a' chìch?
- Tha am bèibidh a' rànaich – dè tha thu a' smaoineachadh a tha a dhìth air a-nis? Badan glan... cudailean agus cofhurtachd. Cò an t-òran a sheinneas sinn?
- Às dèidh na tha seo tha am bèibidh sgìth – feumach air cadal/feumach air cudail/air a chur sios – òran eile airson am bèibidh a sheatlaigeadh?

Dèan moladh air a' chlas bhon a tha am bèibidh a-nis toilichte, air a bhiathadh agus a' cadal! Cuir cloc air dòigh airson 's gun tèid e dheth gach 30 mionaid agus am bèibidh feumach air rudeigin... airson 's gum faigh gach pàiste cothrom cudailean a thoirt dhan bhèibidh, a bhiathadh, badan glan a chur air, òran a sheinn dha 's msaa. (Dh'fhaodadh tu am fuaim seo a chleachdad: <https://youtube/SuGyPmzHUBE>)

Cuimhnich balaich a bhrosnachadh ann an suidheachaidhean càraim.

5. **24 hours with a new born baby** (faid 3 minutes 33) <https://youtu.be/m9QndNXcnCU> Coimhead am film goirid seo a tha a' sealtainn pàrantan agus na dh'fheumas iad a dhèanamh airson coimhead às dèidh a' bhèibidh ùir aca, a' gabhail a-steach biathadh agus badain għlan air an cunntadh air feadh an latha. Tha am film a' toirt dhuibh cothrom bruidhinn air na rudan bunaiteach agus na tha ri dhèanamh fad an latha. Chì sibh cuideachd breith a' bhèibidh ga chlàradh.
6. **Crìoch** larr air a' chloinn cnuasachd a dhèanamh air na ceistean seo (faic an slaighd): Dè an rud a b' fheàrr mu bhith nad mhamaidh no nad dhadaidh? Dè an rud bu duilge mu bhith a' coimhead às dèidh bèibidh? Cò agaibh a tha a' smaoineachadh gun còrdadh e ribh a bhith nur pàrant aon latha? Ma tha thu/sibh air a bhith a' coimhead às dèidh bhèibidhean tron latha, feuch gun can sibh tioraidh riutha.

### Beachdan eile

Faodaidh sibh leudachadh air an leasan no tilleadh chun a' chothruim a-rithist. Tha am prògram-aithriseach seo bhon BhBC a' leudachadh ionnsachadh agus còmhradh air dàimhean bhràithrean agus peathraighean, bho bhèibidhean ùra a' tighinn gu fàs còmhla ri bràithrean agus peathraighean. Tha e a' coimhead air taic bho bhràithrean agus peathraighean, air spòrs còmhla agus air eisimpleirean de sgaradh eadar bràithrean agus peathraighean.

### Brothers and Sisters: A Newsround Special (faid 13 mion. 57)

<https://www.bbc.co.uk/newsround/35587829>

**Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

- Mar tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith

### Cuimhnich

Dh'fhaodadh e bhith gu bheil clann sa chlas a tha fo chùram nan seirbheisean sòisealta no nach eil a' fuireach còmhla ri pàrant(an). 'S dòcha gum bi feedhainn aca nach eil a' fuireach còmhla ri bràithrean no peathraighean.

- Uaireannan bidh clann sa chlas a bha fo chùram iad fhèin no a bha nan luchd-cùraim òga. 'S dòcha gun robh barrachd uallaich orra a thaobh bhràithrean's peathraighean òga – faodaidh sibh coimhead air an seo ann an dòigh phosataibh.
- 'S dòcha gum bi clann sa chlas le ASD no Autism a tha ga fhaighinn doirbh dèiligeadh ri atharrachadh, agus mar sin nach eil e furasta dhaibh smaoineachadh air mar a bhiodh am beatha le bèibidh ùr. Cuideachd dh'haodadh atharrachdh a tha a' tighinn an cois bèibidh ùr san dachaigh a bhith na dhùbhlann do chuid. 'S dòcha gum bi e feumail na duilgheadasan a tha a' tighinn an cois bèibidh ùr aithneachadh.

#### Notaichean tidseir

